

STORYWORLDS



An Gille-bonnaich



Air ath-innse le Margaret Nash • Na dealbhan Philip Norman

An Gille-bonnaich



Air ath-innse le Margaret Nash
Na dealbhan Philip Norman
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair bha siud, bha cailleach, bodach
agus cat a' fuireach gu toilichte
ann an taigh beag brèagha.



Aon latha thuir a' chailleach,
"Nì mi rudeigin math airson ithe.
Nì mi gille-bonnaich."



Rinn a' chailleach gille-bonnaich.
Chuir i ann sùilean dearraig, sròn
shirist agus chuir i gàire mòr air
aodann.




“Nach toir sinn putain dha,”
ars am bodach.
Thug iad putain shirist dhan
ghille-bonnaich.



Chuir a' chailleach an gille-bonnaich
dhan àmhainn.



Thuit i fhèin na cadal anns an t-sèithear.



Ach dhùisg i nuair a chuala i guth beag.
“Leig a-mach mi! Leig a-mach mi!”
“Cò tha ag èigheach an siud?”
ars a' chailleach.
“S e an gille-bonnaich againn a th' ann,”
thuirt am bodach.



Dh'fhosgail a' chailleach doras na h-àmhainn agus leum an gille-bonnaich a-mach.

"Ium, ium," ars am bodach.

"Tha thu a' coimhead blasta."

"Chan ith sibh mise," ars an gille-bonnaich agus e a' ruith a-mach às an taigh.

"Stad!" dh'èigh am bodach.

"Ach rinn an gille-bonnaich gàire, agus thuir e,



Ruith an gille-bonnaich a-steach dhan
ghàrradh.

“Ium, ium,” ars an cù.

“Tha thu a’ coimhead blasta.”

Ach rinn an gille-bonnaich gàire agus
thuirt e,




Ruith an gille-bonnaich a-steach do phàirc.

“Ium, ium,” ars an t-each.

“Tha thu a’ coimhead blasta.”

Ach rinn an gille-bonnaich gàire agus
thuirt e,





Thàinig an gille-bonnaich gu abhainn
ach cha b' urrainn dha snàmh.
Chunnaic sionnach an gille-bonnaich.
"Nì mise snàmh," thuirt an sionnach.
"Trohad an seo. Bheir mi tarsainn na
h-aibhne thu."



"Leum air mo dhruim," ars an sionnach.
Shreap an gille-bonnaich air druim
an t-sionnach agus shnàmh e a-mach
dhan abhainn.



Bha an sionnach sgìth a' snàmh agus a' snàmh.
“Suidh air mo cheann mus tèid thu fodha,”
ars an sionnach.
Shuidh an gille-bonnaich air ceann an t-sionnaich.



Bha an sionnach a' snamh agus a' snàmh.
“Nis suidh air mo shròin,” thuirt e.
Shuidh an gille-bonnaich air sròin
an t-sionnaich.



Sa mhionaid sin chrath an sionnach a cheann.
 Shad e an gille-bonnaich an-àird agus ghlac e na
 chraos mòr e. “Ium! Ium! Ium!” ars an sionnach.
 “Bha an gille-bonnaich glè bhlasta.”

Ium! Ium!



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
 JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
 IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Margaret Nash 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

2005 2004 2003 2002 2001
 10 9 8 7 6 5

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
 air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
 ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
 Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Margaret Nash a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
 mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 645 7